

Seanchas Ìle

TASG-LANN DUALCHAIS

A' truisseadh cairgein

LM: Lena McKeurtan

EE: Emily Edwards

LM: Agus dè bhios sinne a' dèanadh leis a' chairgein, bha sinne a' truisseadh cairgein anns an fhairge agus bha sinn gan cuir a-mach air an fheur a' sin agus gan fàgail air an fheur gus am fàs e...soilleir, tha e car dorcha donn. Agus bha sinn a' piucadh a-mach piosan beaga salachas, piosan beaga feur no rudeigin mar sin, agus ga thiomachadh agus ga chur ann am бага...Tha e math airson euslaintich, tha fhios 'ad, nach eil a' gleidheil gu math, tha cairgein math. Tha e cosail ri *custard* air dòigh, no *rennet*, cosail ri *table jelly* ach...tha e geal, s e bainne, tha e air a dhèanadh le bainne. Tha sin math dhuit. Tha na h-Èireannaich a' dèanadh sin, *Irish Moss* ann am Beurla. Tha na h-Èireannaich a' smaointinn sin cuideachd. Gheibh thu anns a' chaol a tha seo ach...chan eil thu ga fhaotainn an seo, tha thu a' dol sìos à chladach far nach eil *toilets* is gnothaichean, tha fhios 'ad, agus tha thu a' mothachainn gun robh e nas sleamhainne shìos an sin mu chuairt far a bheil Ruadh Phort Bheag agus Ruadh Phort Mòr is Port Asgaig. Cha shaoileadh tu a' gabhail rud sas bith, cha shaoilinn a bhith ag ithe an iasg nas motha. Tha daoine, dh' itheadh iad an t-iasg ach car uair, bhithinn tighinn dhachaidh le iasg no thig cuideigin dhachaidh ag ràdh 'ca robh thu ag iasgach seo?' Bhithinn aig cidhe Ruadh Phort Mòr no aig Port Asgaig, chan itheadh tu e, bheir do na coin no cait iad [*gàireachdainn*].

EE: Seadh.

LM: Ach ma chaidh thu, gheibheadh iad, tha fhios 'ad, creagan dubh, tha sin aig Ceann Mac Artair, tha thu ag iasgach shìos a' sin. Uill, bha a h-uile daoine ag ithe iasg às sin. Bha e glan, cha robh *toilets* no...[*gàireachdainn*] Ach bha a h-uile duine ag itheadh na truisg agus na lèabagan a bha a' sin a-staigh ann am Bogh Mòr agus bha gu lèor a ? mu chuairt Bogh Mòr seach an caol seo, tha an caol a' seo glan is tha daonnan...struth làidir a' ruithch mu thuath no mu dheas.

EE: Tha e a' dol cho clis.